




Abairtean agus co-aontaran

Teirmean	Eisimpleirean	Mìneachaidhean
Smaoineachadh eas-chruthach		A' smaoineachadh gu loidsigeach às aonais cleachdadh air stuth susbainteach no riochdachaidhean lèirsinneach.
Ailseabra		Cleachdadh air litrichean agus àireamhan gus fiosrachadh a libhrigeadh.
Teirmean ailseabrathach	$2x$	Is e seo an teirm iomlan air a chleachdadh airson gearr-sgrìobhaidh ailseabra, leithid $4t$ no $5x$.
Lagh an Sgaoilidh	$3 \times 2 + 3 \times 4 = 3 \times (2+4)$	Tha iomadachadh àireamh le buidheann de dh'àireamhan air an cur-ris còmhla, co-ionann ri gach iomadachadh a dhèanamh fa leth.
Smaoineachadh ailseabrathach tràth / toisich		Tuigsinn òrdugh àireamhan, an àite air an loidhne àireamhan agus mar a ghabhas iad an coimeasgachadh. Cuideachd a' tuigsinn gu bheil an t-soidhne co-ionannachd '=' sealltainn cothrom: me. $2 + 2 = 4$.
Co-ionannachd / Cothrom		Tha an t-soidhne co-ionannachd ag innse gu bheil aon uiread co-ionann ri uiread eile. Tha dealbhachadh na soidhne co-ionannachd (=) nad inntinn mar phuing cothromachd, glè fheumail.
Co-aontar	$x + 2 = 6$ $4x - 2 = 10$ $4x = 12$ $x = 3$	Tha co-aontaran a' cleachdadh litrichean, àireamhan, soidhnichean agus samhlaidhean agus a' ceadachadh do shuidheachaidhean no staidean a bhith air an libhrigeadh ann an dòigh cho cuimhir 's a ghabhas. Tha soidhne co-ionannachd ann an co-aontar airson cothrom a nochdadh.



Abairtean agus co-aontaran

<p>Luachadh abairtean ailseabrathach</p>	<p>Eisimpleir de luachadh:</p> <p>Luachaich $2t + 3f$, far a bheil $t = 2$ agus $f = 6$</p> <ul style="list-style-type: none"> • $2t = 2 \times 2 = 4$ • $3f = 3 \times 6 = 18$ • $2t + 3f = 4 + 18$ <p>Mar sin, is urrainn dhut an abairt seo a luachadh:</p> <p>$2t + 3f = 22$</p>	<p>Nuair a tha sinn ag ionadachadh luach sònraichte do gach litir agus an uair sin a' coileanadh nan obrachaidhean, tha e aithnichte mar luachadh na h-abairt.</p>
<p>Abairt</p>	<div style="text-align: center;">  </div> <p>Cleachdaidh sinn an litir c airson 1 chàr a riochdachadh. Mar sin tha $4c$ againn.</p> <p>Is urrainn dhuinn teirmean a shimpleachadh: Faodaidh $t+t+t+t$ a sgrìobhadh mar $5t$</p>	<p>Àireamhan, samhlaidhean agus gnìomharaichean ann am buidheann còmhla a tha a' nochdadh luach rudeigin.</p>
<p>Factarachadh</p>	<p>Eisimpleir de fhactarachadh:</p> <p>Factaraich $2y + 6$</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha factar coitcheann de 2 aig $2y$ agus 6: • Tha $2y$ mar $2 \times y$ • Tha 6 mar 2×3 <p>Mar sin, is urrainn dhut an abairt fhactarachadh gu:</p> <p>$2(y + 3)$</p>	<p>Am pròiseas an lùib lorg fhactaran ann an abairt. Tha e coltach ri "sgoltadh" abairt gu iomadachadh de dh'abairtean nas simplidhe.</p>
<p>Factaran ann an co-aontaran ailseabrathach</p>		<p>Ma tha àireamhan a' roinn aon factar no barrachd, tha iad an uair sin aithnichte mar fhactaran coitcheann nan àireamhan sin. Faodar factaran coitcheann a chur an sàs ann an co-aontaran ailseabrathach airson an eagrachadh</p>


Abairtean agus co-aontaran

		gu co-aontaran nas simplidhe. Tha e nas fheàrr am factor coitcheann as àirde a lorg.
Foirmle		Dàimh no riaghailt matamataigeach air a libhrigeadh ann an samhlaidhean, me. <i>is e an fhoirmle airson tomhas-lionaidh bogsa $V = l \times b \times h$</i>
Nas motha na		Tha an samhla seo ‘>’ a’ ciallachadh nas motha na, me. $7 > 4$. Tha an samhla an-còmhnaidh a’ stiùireadh gu an àireamh / luach as ìsle.
Eas-aontar / Mì-chothrom		Tha feum air samhla airson “chan eil co-ionann ri” (\neq) nuair nach eil an t-aon luach aig uireadan air gach taobh.
Eas-co-aontar / Eas-aontar		Chan eil soidhne ‘eas-aontar’ air eas-aontar ach an àite sin tha e a’ cleachdadh soidhne ‘nas motha na’, soidhne ‘nas motha na no co-ionann ri’ no soidhne ‘nas lugha na’ no soidhne ‘nas lugha na no co-ionann ri’.

Abairtean agus co-aontaran

<p>Nas lugha na</p>	 <p>$1 < 4$</p>	<p>Tha an samhla ‘<’ a’ ciallachadh nas lugha na, me. $2 < 5$. Tha an samhla an-còmhnaidh a’ stiùireadh gu an àireamh / luach as ìsle.</p>
<p>Gnìomharaichean</p>	<p>+ - × ÷</p>	<p>Tha samhlaidhean nam pàirt de chànan uile-choitcheann matamataig. Is iad na gnìomharaichean +, -, ×, ÷ a’ chiad seata de shamhlaidhean air am bi luchd-ionnsachaidh gu h-àbhaisteach a’ fàs eòlach.</p>
<p>Dealbhan agus samhlaidhean ann an ailseabra</p>		<p>Faodaidh samhlaidhean àireamhan no gnìomharaichean ionadachadh agus faodaidh luachan gu tur diofraichte a bhith aca, me.</p> <p>$4 + * = 10$  $x 4 = 20$ $3?50 - 1?50 = 4700$</p>
<p>Sìmpleachadh cho-aontaran / cruinneachadh theirmean coltach</p>	<p>$2x + 3x + x = 6x$</p>	<p><i>Dèanamh cho-aontaran coltach nas fhasa obrachadh leotha.</i></p> <p><i>me. le aithne gu bheil $a + a + a = 3a$</i></p>
<p>Seataichean fhuasglaidhean</p>	<p>$x + 4 > 10$ $x > 6$</p> <p>Mar sin, tha an seata fhuasglaidh mar àireamh sam bith nas motha na 6.</p>	<p>Seata àireamhan a tha a’ liostadh a h-uile fhuasgladh do cheist tugta matamataigeach.</p>

Abairtean agus co-aontaran

Ionadachadh	$x + 6$ <p><i>far a bheil $x = 2$</i></p> <p>Tha sinn ag ionadachadh luach x don abairt againn. Mar sin:</p> $2 + 6 = 8$	Ionadachadh litir ann an abairt ailseabrathach le luach àireamhail. Faodar diofar luachan àireamhail a thoirt do dhiofar litrichean, mura h-eil iad cunbhalach leithid Pi (π). Ma tha litir a' nochdadh barrachd air aon uair ann an abairt, thathar a' toirt dha an t-aon luach àireamhail gach turas.
Caochladairean	$4x - 7 = 5$ <p> caochladair</p>	Faodaidh uiread caochlaideach, mar a tha ainm ag innse, atharrachadh ann an luach. Ann an ailseabra, faodar àireamh a shònrachadh do litir.